

BHEIL FIOS AGAD CÀIT
AN TÈID THU MA THA
THU AIR ÈIGNEACHADH
NO IONNSAIGH
DHRABASTA FHULANG?
THEIRIG GU SARCS.

Fiosrachadh air Seirbheis NHS airson
Co-òrdanachadh na Freagairt
ri Ionnsaighean Drabasta



Healthier
Scotland
Scottish
Government

SARCS

NHS
SCOTLAND

DÈ NA ROGHAINNEAN A THA RI FHAIGHINN DHOMHSA?

Ma dh'fhuiling thu èigheachadh no ionnsaigh dhrabasta bho chionn goirid, cha b' iongnadh ged nach biodh fios agad dè nì thu no càit an tèid thu.

'S e SARCS seirbheis NHS shònraichte a thabhairneas cùram-slàinte is taic sna làithean às dèidh ionnsaigh, mur eil thu deiseil no ma tha thu mì-chinnteach an tèid thu chun a' phoileis.



Aithris don phoileas

Ma dh'fhuiling thu èigneachadh no ionnsaigh dhrabasta, faodar innse don phoileas uair sam bith. Tha fiosrachadh air mar a chuirear fios gu Poileas Alba ri fhaighinn aig deireadh na bileig seo.

A rèir cuin a thachair an ionnsaigh, dh'fhaodadh am poileas do chuideachadh dol gu **SARCS**, far an toir luchd-obrach aire air na feuman slàinte is sunnd as deatamaiche agad. Mar eisimpleir, 's urrainn dhaibh dearbhadh an tig thu gu bhith leatromach agus deuchainn a dhèanamh airson galaran-gabhail feise. Ma thachair an ionnsaigh sna 7 làithean mu dheireadh, dh'fhaodadh e bhith iomchaidh dhut sgrùdadh-leighis foireansach fhaighinn. Thèid an sgrùdadh seo a dhèanamh le proifeiseantach leighis a tha ionnsaichte ann an cruinneachadh fianais mar thaic don phoileas dearbhadh cò a thug an ionnsaigh ort. Dh'fhaodadh an fhianais seo a bhith nan lionntan bodhaig no ròineagan a bhuineadh don neach eile agus a lean riutsa no ri do chuid aodaich.

Do chur fhèin gu SARCS

Ma dh'fhuiling thu èigneachadh no ionnsaigh dhrabasta sna 7 làithean mu dheireadh agus mur eil thu ag iarraidh innse don phoileas, no ma tha thu mì-chinnteach an innis thu an-dràsta, cuiridh tu thu fhèin gu **SARCS**. Tha seo a' ciallachadh nach fheum GP no proifeiseantach cùraim-shlàinte eile do chur gu **SARCS**; 's urrainn dhut seo a dhèanamh leat fhèin.

Ma chuireas tu thu fhèin ann, bheir luchd-obrach aire air na feuman slàinte is sunnd as deatamaiche agad. Dh'fhaodadh e bhith iomchaidh dhut sgrùdadh-leighis foireansach fhaighinn. Thèid an sgrùdadh a dhèanamh air an aon dòigh 's a thachradh nan robh thu air innse don phoileas.

'S urrainn do **SARCS** fianais fhoireansach àraidh a thional agus a chumail airson 26 mìosan, gun fhios nach iarradh tu ga innse don phoileas san àm ri teachd. Mur roghnaich thu innse don phoileas, thèid an fhianais a sgrios às dèidh 26 mìosan. Tha an t-seirbheis fèin-chur seo airson neach sam bith de chòrr is 16 bliadhna a dh'aois.

Ma tha thu fo 16 bliadhna, lorgaidh tu fiosrachadh mu càit an tèid thu airson cobhair aig **nhsinform.scot/SARCS**

FIOSRACHADH CUDROMACH

Tha diofar ann eadar aithris don phoileas agus gad chur fhèin gu **SARCS**. A chòrr air fianais fhoireansach a fhuaras o sgrùdadh-leighis foireansach, dh'fhaoidte gur urrainn don phoileas fianais eile a thional mar phàirt den rannsachadh aca (leithid clàradh CCTV, fianais o làrach na h-eucorach, anart-leapa, no dealbhan bhon fhòn-làimhe agad). Cha tionailear iad seo ma chuireas tu thu fhèin gu **SARCS**.



Ciamar a chuireas mi mi fhìn gu SARCS?

'S urrainn dhut fònadh gu àireamh NHS shònraichte 24 uairean san latha, 7 latha san t-seachdain, agus bruidhinn ri proifeiseantach cùraim-shlàinte a tha gu sònraichte ionnsaichte airson an cùram as dòcha a dh'fheumas tu fhaighinn.

'S urrainn dhut barrachd fiosrachaidh fhaighinn airson do chur fhèin gu SARCS agus gheibhear an àireamh-fòn air làrach-lìn NHS inform nhsinform.scot/SARCS

Dè a tha romham nuair a ruigeas mi SARCS?

Ged a dh'innseas tu don phoileas no a chuireas tu thu fhèin gu **SARCS**, tha luchd-obrach ann airson taic mheadaigeach, inntinn no phragtaigeach as dòcha a dh'fheumas tu, a thoirt dhut. Bidh nurs ionnsaichte ann airson taic a chumail riut tron choinneimh agad. Thèid dèiligeadh riut le tròcair, urram is spèis aig gach àm.

Dè a thachras às dèidh an sgrùdaidh?

Bidh cothrom agad ceistean a chur orra. Thèid ath-choinneamhan cùraim-shlàinte no ath-churan sam bith gu seirbheisean no taic eile a shuidheachadh dhut.

Ma chuireas tu thu fhèin gu **SARCS**, nì an luchd-obrach cinnteach gu bheil àiteigin sàbhailte ann dhut nuair a dh'fhalbhas tu. Cumaidh iad taic riut cuideachd ma chuireas tu romhad aithris a dhèanamh don phoileas.

Ma chuireas mi mi-fhìn gu SARCS, dè a thachras do dh'fhianais sam bith a tèid a chruinneachadh?

Thèid fianais fhoireansach sam bith a stòradh gu tèarainte ann an **SARCS** airson 26 mìosan bho latha an sgrùdaidh agad. Rè na h-ùine sin, 's urrainn dhut co-dhùnadh a bheil thu airson innse don phoileas no nach eil. Cha tèid do chuid fianais ath-sgrùdadh no a mhion-sgrùdadh mur co-dhùin thu aithris don phoileas.

'S urrainn dhut iarraidh orra an fhianais agad a sgrìos no fianais àraidh (leithid nithean no aodach pearsanta) a thilleadh thugad. Às dèidh nan 26 mìosan, thèid do chuid fianais a sgrìos gu sàbhailte, ach cha bhi sin na bhacadh aithris a dhèanamh don phoileas ma chuireas tu romhad sin a dhèanamh.

Dh'fhaoidte gum bu mhiann leat bruidhinn ri cuideigin aig seirbheis tagraidh Rape Crisis mu dè bhiodh an lùib aithriseadh don phoileas. 'S urrainn dhaibh do chuideachadh tron phròiseas ma cho-dhùineas tu aithris a dhèanamh. Tha seòlaidhean aig deireadh na bileig seo airson fios a chur gu Rape Crisis. Dh'fhaoidte gu bheil seirbheisean ionadail eile san sgìre agad as urrainn dhut fònadh airson taic.

Ma chuireas mi mi-fhìn gu SARCS mus dèan mi airson innse don phoileas, dè thachras an uairsin?

Ma thaghas tu aithris don phoileas an ceann 26 mìosan, bu chòir dhut innse dhaibh mun sgrùdadh gus an cuir iad fios gun **SARCS** san robh thu an làthair agus iarraidh orra fianais sam bith a thoirt dhaibh gu sàbhailte.

Ma tha gu leòr fianais aig a' phoileas airson dearbhadh gun deach eucoir a dhèanamh, cuiridh iadsan aithisg gu Oifis a' Chrùin agus Seirbheis a' Phrocadair (COPFS). Co-dhùinidh an COPFS a bheil gu leòr fianais ann airson an neach a thoirt fo chasaid. Cuirear fios thugadsa le Seirbheis Fiosrachaidh is Comhairle nam Fulangaichean, taobh a-staigh COPFS, agus bheir iadsan fiosrachadh dhut air a' chùis-lagha. Innsidh iad dhut mu dheidhinn an còrr taic a tha ri fhaighinn dhut, cuideachd.

Am bi fios aig duine ma chuireas mi mi-fhìn gu SARCS?

'S e seirbheis NHS dhìomhair a tha seo agus cha bhi fios aig a' phoileas no aig buidhnean eile mur tagh thu fhèin innse dhaibh. Ann an suidheachadh àraidh, 's dòcha gum feumadh proifeiseantach cùraim-shlàinte innse dhaibh nam biodh thu fhèin no càch fo chunnart barrachd croin.

Ma tha cuideigin eile gad cho-èigneachadh, a' sparradh no a' faochadh ort feise no gnìomhan feiseil a dhèanamh leotha, 's urrainn don luchd-obrach aig **SARCS** do chuideachadh. Chan innis iad dhut dè nì thu, ach cumaidh iad taic riut fios a chur chun a' phoileas nam bu mhiann leat a aithris, no cuiridh iad thu gu buidhnean taice eile.

TAIC AGUS FIOSRACHADH

NHS inform
nhsinform.scot/SARCS

Rape Crisis Scotland (Loidhne-theasairginn Càs Èigheachadh na h-Alba)

Fòn: 08088 010302

5f gu meadhan-oidhche, gach
oidhche

Teacsa: 07537 410 027

support@rapecrisisscotland.org.uk
rapecrisisscotland.org.uk

Victim Support Scotland (Taic Fulangaichean na h-Alba)

Fòn: 0800 160 1985

Dil - Dih 8m gu 8f
victimsupport.scot

Scotland's Domestic and Forced Marriage Helpline (Loidhne-theasairginn na h-Alba airson Dochann san Dachaigh is Pòsadh-èiginn)

Fòn: 0800 027 1234 24

uairean san latha, 7 latha san
t-seachdain
sdafmh.org.uk

Police Scotland (Poileas Alba)

Ann an èiginn, fòn gu 999
Airson cùisean neo-èiginneach,
fòn gu 101
scotland.police.uk

Breathing Space (Àite Foise)

Fòn: 0800 83 85 87
Dil - Diar 6f gu 2m
Dih 6f gu Dil 6m
breathingspace.scot

Childline (Loidhne-cobhair na cloinne)

Fòn: 0800 1111
24 uairean san latha,
7 latha san t-seachdain
childline.org.uk

Gheibhear fiosrachadh mu sheirbheisean is buidhnean taice
eile aig nhsinform.scot/SARCS

RUDAN RIN CUIMHNEACHADH

- **Tha do roghainn agad.** Cha tèid sparradh ort co-dhùnadh gu cabhagach agus thathar a' moladh gun cuir thu ceistean mus dèan thu airson leantainn ort leis. 'S urrainn dhut iarraidh air cuideigin a thoirt leat, leithid caraide no dàimhich earbsaich.
- **Tha do shaorsa agad.** 'S urrainn dhut iarraidh air a' phroifeiseantach cùraim-shlàinte a bheir cùram dhut fois a ghabhail no a sgur dheth aig àm sam bith.
- **Bu chòir dhut cobhair iarraidh cho luath 's a ghabhas às dèidh na h-ionnsaigh.** 'S àbhaist nach dèanar sgrùdadh-leighis foireansach ach ma thachair i sna 7 làithean mu dheireadh. Ann an cuid a shuidheachaidhean ge-tà, dh'fhaodadh e bhith feumail sgrùdadh fhaighinn às dèidh na h-ùine sin. Ma tha thu mì-chinnteach mu dè as urrainn dhut a dhèanamh, bu chòir dhut fònadh gun àireamh aig **nhsinform.scot/SARCS** airson beachdachadh mu na roghainnean a tha ann dhut.
- **Chan eil thu nad aonar.** Ma dh'fhuiling thu dòrainn leithid èigneachadh no ionnsaigh dhrabasta, tha **SARCS** ann gus do chuideachadh.

OGL



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot

Tha ceadachd aig an fhoillseachan seo fo chumhachdan Ceadachd an Riaghaltais Fhosgailte v3.0 ach far a bheilear ag ràdh an caochladh. Gus an ceadachd seo a shealltainn, theirig gu **nationalarchives.gov.uk/open-government-licence/version/3** no sgrìobh gu Sgioba Poileasaidh an Fhiosrachaidh, Na Tasglannan Nàiseanta, Kew, Lunnainn, TW9 4DU, air neo, cuir post-d: **psi@nationalarchives.gsi.gov.uk**

Far an do chomharraich sinn fiosrachadh còir-sgrìobhaidh aig treas-phàrtaidh sam bith, feumaidh tu cead fhaighinn bho luchd-seilbh na còrach-sgrìobhaidh seo.

Tha am foillseachan seo ri fhaighinn aig **www.gov.scot**

Bu chòir ceistean mun fhoillseachan seo a chur thugainn aig

Riaghaltas na h-Alba,
Taigh Naoimh Anndra,
Dùn Èideann
EH1 3DG

ISBN: 978-1-80435-182-6